

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



Dimàirt 21/02/2012

SCROLL DOWN FOR ENGLISH VERSION

Airson a chleachdadh sa bhad

Bòrd na Gàidhlig a' cur aonta ris an fhicheadamh Plana Gàidhlig

'S iad Sabhal Mòr Ostaig, an Ionad Nàiseanta airson cànan agus cultar na Gàidhlig, an fhicheadamh buidheann ann an Alba a tha air Plana Gàidhlig a thoirt gu buil fo Achd na Gàidhlig (Alba) 2005.

A' coinneachadh nas tràithe an-diugh ann an Inbhir Nis, chuir Bòrd na Gàidhlig, a' bhuidheann reachdail le dleastanas airson adhartachadh is leasachadh na Gàidhlig a thuilleadh air comhairleachadh Mhinistearan Riaghaltas na h-Alba, aonta ri Plana Gàidhlig Colaiste Sabhal Mòr Ostaig anns an Eilean Sgitheanach agus a tha ann an com-pàirt le Oilthigh na Gàidhealtachd is nan Eilean.

Chuir **Cathraiche Bhòrd na Gàidhlig, Art MacCarmaig**, fàilte air obair chruaidh Sabhal Mòr Ostaig thar na bliadhna a dh'fhalbh ann an deasachadh a' Phlana, agus ag ràdh gu bheil ullachadh is buileachadh phlanaichean Gàidhlig deatamach do dh'adhartachadh na Gàidhlig agus do mheudachadh ann an cleachdadh a' chànain. Thuirt e, "Tha Sabhal Mòr Ostaig fìor chudromach don Gàidhlig mu choinneamh an ama ri teachd agus tha sinn a' cur fàilte air an dealas a tha iad a' nochdadh sa Phlana Ghàidhlig aca a thaobh barrachd neartachaidh ann an cleachdadh na Gàidhlig nan obair làitheil. Tha sinn an dùil a bhith ag obrachadh gu dlùth le Sabhal Mòr Ostaig ann an co-theacs a' Phlana Cànain Nàiseanta Gàidhlig, gus dèanamh cinnteach gu bheil ruigsinneachd air an cùrsaichean an làthair do dh'àireamh mhòr de dhaoine, a' leudachadh nan cothroman a tha fosgailte do dhaoine aig a bheil ùidh ann an ionnsachadh na Gàidhlig. Bidh sinn cuideachd a' deasbad leotha mu chùrsaichean a chuireas feabhas air sgilean cànain, a' gabhail a-steach litearrachd nan daoine sin aig a bheil Gàidhlig a-cheana."

Chaidh fàilte a chur air a' Phlana Ghàidhlig ùr leis an **Dr Alasdair Allan BPA, Ministear Riaghaltas na h-Alba airson Ionnsachadh, Saidheans is Cànanan na h-Alba**. Thuirt e, "Tha mi toilichte leis an dealas leantainneach a tha Sabhal Mòr Ostaig a' nochdadh a thaobh fàs anns an àireamh de luchd-labhairt na Gàidhlig ann an Alba agus tha am Plana seo a' taisbeanadh an cuid neart ann a bhith gar cuideachadh ga liubhairt. Leanaidh sinn air adhart a' cur taic ris a' cholaiste ann am buileachadh a' Phlana aca, a chuireas gu mòr ri saoghal beòthail don chànain san àm ri teachd."

Chuir an **t-Ollamh Boyd Robasdan, Ceannard na Colaiste**, fàilte air an naidheachd gun robh am Plana air aontachadh le Bòrd na Gàidhlig. "Tha dleastanas sònraichte againn mar an Ionad Nàiseanta

www.gaidhlig.org.uk

Fòn: 01463 225 454

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



airson Cànan is Cultar na Gàidhlig, ann a bhith ag adhartachadh adhbhar na Gàidhlig agus a' neartachadh brìgh a' chàinain. Air an adhbhar sin, 's i a' Ghàidhlig cànan an àite-obrach ann an gnothaich làitheil na colaiste agus tha i mar mheadhan conaltraidh is teagaisg. Tha gach cùrsa fa leth a tha air a thairgsinn leis a' Cholaiste, a tha mar aon de na com-pàirtichean acadaimigeach ann an Oilthigh na Gàidhealtachd 's nan Eilean, air a theagasg tro mheadhan na Gàidhlig, feart a tha gar cur air leth bho aitreabh foghlaim treas-ìre sam bith eile san rìoghachd. Tha poileasaidh Gàidhlig làidir is foghainteach aig a' Cholaiste a tha suidhichte air prionnsapalan planadh càinain, agus tha bun-structar stèidhichte againn a tha a' ceadachadh don poileasaidh sin a bhith air a chur an gnìomh. Tha sinn a' faicinn togail air a' phoileasaidh mar chothrom agus mar cheum nàdarrach mhean-fhàsail a dh'ionnsaigh cruthachadh plana fo chumhachan Achd na Gàidhlig."

Tha fichead 's a sia ùghdarras poblach eile gu làithreach ag ullachadh Phlanaichean Gàidhlig, an dèidh fios foirmeil fo chumhachan Achd na Gàidhlig (Alba) 2005.

Thuir **Ceannard Bhòrd na Gàidhlig, Iain Aonghas MacAoidh**, gu bheil cruthachadh Phlanaichean Gàidhlig a' toirt comas do bhuidhnean poblach dealas soilleir a nochdadh a thaobh an cuid cleachdaidh air a' Ghàidhlig a neartachadh. "Tha na Planaichean a' nochdadh mion-fhiosrachadh air mar a tha iad an dùil Gàidhlig a chleachdadh a thaobh am fèin-aithne, conaltradh, foillseachaidhean agus luchd-obrach, agus mar a bhios leasachadh na Gàidhlig a' faotainn taic tro liubhairt air am prìomh ghnìomhan poileasaidh."

DEIREADH

Airson tuilleadh fiosrachaidh, cuiribh fios gu:

Steven MacIomhair, Oifigear Conaltraidh is Cùisean Corporra aig Bòrd na Gàidhlig.

Post-d: steven@gaidhlig.org.uk Fòn-làimhe: 07557 481 081

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



For immediate use

Bòrd na Gàidhlig approves the twentieth Gaelic Language Plan

Sabhal Mòr Ostaig, the National Centre for Gaelic Language and Culture, has become the twentieth Scottish body to produce a Gaelic Language Plan under the Gaelic Language (Scotland) Act 2005.

Meeting earlier today in Inverness, Bòrd na Gàidhlig, the statutory body responsible for the promotion and development of Gaelic, including advising Scottish Government Ministers, approved the Plan by Sabhal Mòr Ostaig, the Skye based College, which is one of the key partners in the new University of the Highlands and Islands.

Cathraiche (Chair) of Bòrd na Gàidhlig, Arthur Cormack welcomed Sabhal Mor Ostaig's hard work over the last year in preparing the Plan adding that the preparation and implementation of Gaelic plans is vital to the promotion and increased use of the language. He said: "Sabhal Mòr Ostaig is key to Gaelic's future and we welcome the commitment in their Gaelic Language Plan to strengthening even more the use of Gaelic in their everyday operations. We hope to work closely with Sabhal Mòr Ostaig in the context of the new National Gaelic Language Plan to ensure access to their courses for a larger number of people, widening the choices available to people wishing to learn Gaelic. We will also be discussing with them courses that will help improve the language skills, including literacy, of those who already speak Gaelic."

The new Gaelic Plan has been welcomed by the **Scottish Government Minister for Learning, Science and Scotland's Languages, Dr Alasdair Allan MSP**. He said: "I am pleased with the ongoing commitment by Sabhal Mòr Ostaig to grow the number of Gaelic speakers in Scotland and this Plan shows their strength in helping us deliver. We will continue to support the college in implementing their Plan which will contribute to a vibrant future for the language."

College Principal, Professor Boyd Robertson, welcomed the news that the Plan had been approved by Bòrd na Gàidhlig. "We have a special responsibility, as the National Centre for Gaelic Language and Culture, in advancing the cause of Gaelic and in strengthening the fabric of the language. With that in mind, Gaelic is used as the modus operandi of the workplace at the college and as the vehicle of communication and of instruction. Each course offered by the College, one of the academic partners of the University of the Highlands and Islands, is taught through the medium of Gaelic, a feature which distinguishes us from any other tertiary institution in the country. The College has a strong and robust Gaelic policy based on language planning principles and we have an infrastructure in place which allows that policy to be put into effect. We regard it as an opportunity and as a natural evolutionary step to build on that policy by creating a plan under the terms of the Gaelic Language Act."

Twenty-six other public authorities are currently preparing Gaelic Plans, having received formal notification under the provisions of the Gaelic Language (Scotland) Act 2005.

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



Ceannard (CEO) at Bòrd na Gàidhlig, John Angus MacKay said the Production of Gaelic Plans enables public bodies to make clear commitments about enhancing their use of Gaelic. “The Plans detail how they propose to use Gaelic in relation to their identity, communications, publications and staffing, and how Gaelic development will be supported through the delivery of their core policy functions.”

ENDS

For further information, please contact:

Steven MacIver, Communications and Corporate Affairs Officer at Bòrd na Gàidhlig.

E-Mail: steven@gaidhlig.org.uk Mobile: 07557 481 081